

5.5132 (34)

MAC BHEATHAIN (Fraing)

Cumha .....

.....

N.P. 1856

National Library of Scotland



\*B000500763\*





*Miss Bayne*  
CUMHA,

LEIS AN

URRAMACH FRAING MAC BHEATHAIN,  
ANN AN CILL-CHUIMEIN,

*An déigh Bàs a Mhna, Flòri Chaimbeall, ceud  
nighean Fir a Chaolais an Eilean Chòla.*

Air an aon f honn ri Cumha Chlain Ghlinniuir.

CUIMHNEACHAN BEAG O'N UGHIDAR  
DO A CAIRDEAN-SA, AGUS DO  
A CHAIRDEAN FEIN.

LIBRARY OF SCOTLAND  
B  
10 DEC 1971  
NATIONAL

## I.

Tha mi dubhach is deurach,  
 ga d' shior ionntrainn a Chéile ;  
 Rinn am bàs uam do reubadh,  
 's mo chridhe ghleus e gu bròn.  
 Tha mi cianail a m' aonar,  
 gun do chaidreadh bha caomhail ;  
 Cho làn gràidh agus aonaidh,  
 tha bhi as aonais ga m' leòn.

Tha mi muladach, brònach,  
 tròm, is tùirseach a m' chòmhnuidh ;  
 'N dùil gach titeadh gu'r còir dhomh,  
 do ghuth le sòlas gu'n cluinn.  
 Tha mi airsneallach cianail,  
 gun a ghnàth thu bhi m' fhianuis ;  
 Faighinn coluadar diadhaidh,  
 sa faicinn sgiamhachd do ghnùis.

## II.

Tha mi iongantach gàbhaidh,  
 'n dùil a dheanamh mar b'abhuisd ;  
 Gairm a m' ionnsuidh a m' chàsaibh,  
 do chomhairl shàbhailt a m' fheum.  
 O gach nì tha mu'n cuairt dhomh,  
 tha mo chàil air a fuasgladh ;  
 Tha iad falamh is gruamach,  
 o thugadh uam ~~tha~~ a Chéil.

An uair ma'r rium a d' thàmha,  
 chum thu m' aignidhean sàmhach ;  
 Ach, o rinncadh leat m' fhàgail,  
 tha iad ro chràiteach a' d' dhéigh.  
 Tha mo mhisneachd 's mo chàileachd,  
 leagta, iosal an trà-sa ;  
 Na biodh ionghnadh air càch dhe,  
 mo chòmhnadh bàigheil tha m' dhìth

## III.

Cha réidh dhòmhs ann am bàrdachd,  
 chuir an òrdudh 'an dàna ;  
 'N cliù a thabhairt gu h-àrraidh,  
 a bhuineadh sàr dhuit a thùs.  
 Bha do chruthachadh dealbhach,  
 ach, do bheusan bha dealrach ;  
 Rinn thu aithnichte ainmeil,  
 am measg na dh' ainmicht air tùs.

Bainndi, urramach, uasal,  
 mach a teaghlach na h-uaisle ;  
 Rianail, ciallach, gun uamhar,  
 is fialluidh suairce 'na d' dhòigh.  
 Bha do cheumannan, sgiamhach,  
 a réir riaghailt na diadhachd ;  
 Nì sam bi nach robh fiachail,  
 cha 'n fhaighte riamh e a d' chòir.

## IV.

Air do shìnsreadh na 'n labhruinn,  
 mu mhaithibh àrd bha 'n daimh dhuit ;  
 A bha cliùiteach thar cainnt dhomh,  
 sa bha na'n daimhean na'n rìgh.\*  
 'S è is annsa leam innseadh,  
 mar a rinneadh dhìot fìrean ;  
 Thug a steach thu do'n t-sìnsreadh,  
 dha'm bheil "Is, Mì" dha mar Rìgh.

Dh' iarr am Buachaill 's an raon thu,  
 'n eilean iomail 's an t-saoghal ;  
 Thug a ghràdh e an taobh ud,  
 gu dìreach caomh air do thòir.  
 Cha do lasaich a ghreim dhìot,  
 thug e leis thu gu caoimheil :  
 Chaidh tu leis troimh gach draoighneach  
 a steach gu h-aoibhneach da chrò.

\* Na'm measg, Teaghlach Earraghael.



## V.

Do thigh 'n fhiona 's na feusda,  
 thug e steach thu gu réidh leis;  
 Rinn do phòsadh mar chéile,  
 's bi bhratach sgaoilt ort a ghràdh.  
 Thug dhuit sgeudachadh òir-dheirg,  
 culaidh eudaich le h-òr ann;  
 Is lion 'fheusd thu gu mòra,  
 le 'innidh ghlòir-mhor 's le ghràdh.

Rinn e aoibhneas na chòir ort,  
 's bha e riaracht gu leòr leat;  
 Ann-san, rinn thusa sòlas,  
 mar d' òg Fhear-pòsda 's do Rìgh.  
 Thug dhuit crùn a bha glòir-mhor,  
 thug dhuit oighreachd le còir oir;  
 Nach gabh innseadh cia mòr i,  
 is luchairt òir-dheirg gun dìth.

## VI.

Aig a phòsadh ro àrd ud,  
 aingle nèamh ann a làthair;  
 Ann am fònna le an clàrsaich,  
 a séinn an dàin ort gun dìth.  
 Iad san luchairt bha chòmhnuidh,  
 chaidh gu h-aoibhneas is ceòl ann;  
 Mu'n mhnaoi òig s air a pòsadh,  
 gu barrachd glòire do'n Rìgh.

Their an t-aineolach gòrach,  
 tha do chainnt leam ro neònach;  
 Och! a Thighearn a d' thròcair,  
 nach d' thoir thu 'm pòsadh dha féin  
 Fhios b' idh 'n sin aig a rìreadh,  
 'm bheil mi 'g innseadh na fìrinn  
 S bithidh slàimnte dha cinnteach,  
 is saors is sìth dha gu réidh.

## VII.

'S iomadh trioblaid is deuchainn,  
 thug dhuit coinneamh an déigh sin ;  
 Ach, do dhòchas cha d' thréig thu,  
 am measg nan éiginnean teann.  
 Bha thu fosgailt do bhuaireadh,  
 's bhiodh tu tric air do luasgadh ;  
 Uairibh domhainn sa chuan ud,  
 is sruthaibh luath thar do cheann.

Ach, bu chìnnteach dhuit fuasgladh,  
 a chionn dìlseachd a Bhuachaill ;  
 'S bhiodh do chreideamh gu buadhach  
 a dol a suas leat gu réidh.  
 Bhiodh do bhuidhean fuidh ghluasad,  
 mar iolair luath dol suas uainn ;  
 'S coinneamh nuadha le luadh-ghair,  
 bhiodh agad thuas ris an Rìgh.

## VIII.

Do'n ainm àrd agus ghlòir-mhor,  
 thug thu urram an cònaidh ;  
 'Aithn, a chomhairl is òrdadh,  
 do riaghailt sheòlaidh a d' chùrs.  
 Bha do bheachdan mu'n fhìrinn,  
 uasal, geur agus fìor-ghlan ;  
 Farsainn, soilleir is dìreach,  
 am measg na'm fìrinnean cùr.

Fìor-ghlan, onarach, dìreach,  
 air taobh focal na fìrinn ;  
 Eudmhor, blàth agus dìleas,  
 do dh' aobhar fìor-ghlan do Dhé.  
 A ghnàth, seasmhach gun chlaonadh,  
 treun is daingean gun saobh-bhreth ;  
 N uair bhiodh càs agus aobhar,  
 ag iarraidh treubhanntais ghleusd

## IX.

Càil ro ghlan agus ciocras,  
 bha gu domhainn 's gu diomhair ;  
 Ann a d' innidh o' s iosal,  
 an geall air Iosa mar lòn.  
 Lagh na beatha o'd bheul-sa,  
 chionn do thoil is do spéis dha ;  
 Ghnàth, le tomaid na céille,  
 a ti 'nn gu réidh is gu beò.

'S tric a thuair mi 'san uaingneas,  
 feadh an lagh s' thu ri cnuasachd ;  
 Nithe nuadh bheirte nuas leat,  
 a bhiodh dhuinn luachmhor le chéil.  
 Intinn neamhaidh is naomha,  
 bh' annad blàth agus daonnan ;  
 'N uair a bhidhinns air faontradb,  
 cho fad a m' aonar a d' dhéigh.

## X.

Ro gheur domhainn is ciallach,  
 bha do bhreithneachadh diomhair ;  
 Mu luchd aidich na diadhachd,  
 a bhiodh ag iarraidh bhì mòr.  
 'N inntinn iosal is bhrùite,  
 chiallach, rianail is ùngta ;  
 'N uair a thàradh i dlùth dhuit,  
 bhiodh agad rùm dhi gu leòr.

Fiallaidh, folachaidh is déirceil,  
 bha do chùram mu fheumaich ;  
 Bhiodh na bochdan na 'n éiginn,  
 ag cur an céill dhuit an càs.  
 Cha robh bheag ort min eòlach ;  
 chionn bhì sàmhach a d' dhòidhean ;  
 Ach, thàr cuid ort an t-eòlas,  
 's bha'n gràdh gu mòr dhuit a ghnàth.

## XI.

B'e do ghearan a ghnàth e,  
 oh! am peacadh b'e phlàigh e;  
 Bha gu mòr dhuit ro ghràineil,  
 's na àmhghair shàraicht gach trà.  
 Cha chaoidh tuilleadh 's cha bhròn leat,  
 e a d' bhuill a bhi chòmhnuidh;  
 Thuair thu ionnlad ro òir-dheirg,  
 chuir glòir a chòmhnuidh 'na àit.

Och! am fonn leis an seinn thu,  
 òran uasal na neamha;  
 Dhà-sa ghràdhaich sa shaor thu,  
 sa lion le mhèinn thu tha naomh.  
 Mu thruaigh 'n leith dhìot a dh' fhàg thu,  
 leis a pheacadh an sàs ann;  
 Nach leig fois leis no tàmh,  
 a luan no shàbaid tha naomh.

## XII.

Do dhéidh làidir is d' ionntrainn,  
 bh' air mo threud a bhi iompaicht;  
 Is ri Crìosda bhi tionndadh,  
 le iomadh ionntrainn is luaths.  
 Chum a chorròn tha rìoghail,  
 a bhi fàs air a rìreadh;  
 'S gaoileadh làn air a rìoghachd,  
 air feadh na'n tìrean mu'n cuairt.

Och! nach fhaicinn-sa an treud ud,  
 mar bu mhiann le mo Chéile;  
 Dol gu iobairt na réite,  
 's a 'g imeachd treun anns an ròd.  
 Gus an ruigeadh iad rianail,  
 air luchd, is làn dhe an diadhachd;  
 'S gu'm biodh aca-san Iosa,  
 mu'n leagta sìos iad fuidh 'n fhòd.

## XIII.

- Thuir thu rium ann a d' chòmhradh,  
 " 's e mo Bhreitheamh m' Fhear-pòsda ;  
 " C'ar son nach b'inn-sa deònach,  
 " a dhol troimh Jòrdan 'na laimh.  
 " Tha mi togradh tre ghràsan,  
 " an Tì a thuair mi san fhàsach ;  
 " Tha a nochdadh a làithreachd,  
 " gun mhionaid dhàil dhol do'n ghleann.
- " O gach nì tha san fhàsach,  
 " tha mi dealaicht an trà-sa ;  
 " Gun mi gearan bhi f'àngail,  
 " fhir mo ghràidh ach thu féin.  
 " Thig a Rìgh 's dean mo spianadh,  
 " mach a làmh mo luchd pianaidh ;  
 " A corp bàis thoir dhomh trialladh,  
 " gu dùthaich Iosa gu réidh.

## XIV.

- " Thoir dhomh faighidinn rianail,  
 " ri d' àm Thighearn tha riaghladh ;  
 " Ge d' bu mhaith is bu mhiann leam,  
 " gu'm biodh mo thriall leat gun dàil.  
 " Na bi fada sa chàs so,  
 " thug an gath as a bhàs dhomh ;  
 " Thoir mi mach as a phàilliuin,  
 " a steach do d' àros tha àill."

Bha do thogradh 's do chiocras,  
 bhi air falbh ma'r ri Iosa ;  
 Dha do nàmhaid cho phianntail,  
 's gu'n d' rinn e riabadh bha treun.  
 Ghabh e fàth air do chiocras,  
 gu ràdh nach robh thu rianail ;  
 Feitheamh àm-san bha riaghladh,  
 's nach robh thu riamh ris-san réidh.

## XV.

Beagan uairean mu'n chrìoch thu,  
 'n tuilse, thàinig gu fiadhaich ;  
 Cur an ìre sa 'm fiachabh,  
 nach robh thu riamh anns an réit.  
 Bha gu mòr air do ghluasad,  
 'g iarraidh furtachd is fuasglaidh ;  
 O an Rìgh a tha truasail,  
 sa thug a bhuaidh dhuit gu réidh.

Thug 'na ghràsan sàr éisdeachd,  
 dha do ghlaodh 's tu na d'éiginn ;  
 Rinn na dòmhlaichean réidh dhuit,  
 oir bha e féin air do chrann.  
 An Rìgh dha'n robh thu ro phrìseil,  
 chaisg is chionaich am millteir ;  
 Bha thu 'n sin le chuid fìrinn,  
 a dol na shìth-san do'n ghlcann.

## XVI.

Thuair gach nì mar a dh'iarr thu,  
 o an Rìgh a tha riaghladh ;  
 Chionn gu'n robh e leat riarraicht,  
 rinn e do riar ann sa bhàs.  
 Sealladh taitneach is ciatach,  
 criosduidh fhaicinn a trialladh ;  
 Ge d' is cruaidh a bhi riabadh,  
 na'n ceangall diomhair tha'n sàs.

B' aobhar chliudhaichidh dhòmha-sa,  
 gu'n robh agam-sa Flòri ;  
 Ge do dh'fhàg i mi brònach,  
 cha bhròn gun dòchas a th'ann.  
 'S e mo chuid-sa bhi sàmhach,  
 chionn an Tì a b'i làmh i ;  
 Ge d' bha'n sgaradh ud cràiteach,  
 bu lionmhor là iad nach b' ànn.

## XVII.

Mòr chliù gu'n robh dhàsan,  
 thug cho sèimh troimh an bhàs thu ;  
 Beag do phianntan bha cràiteach,  
 a chur an sàs ann a d' chréibh.  
 Thug dhuit creideamh bha làidir,  
 thug dhuit misneachd is dànachd ;  
 Rinn le 'fhìrinnean gràs mhor,  
 do tharruinn bàigheil a Chéil.

'N uair a rinn thu ar fàgail,  
 'an comunn cheruban àrda ;  
 Mar f heachd frithealaidh àgh-mhor,  
 a chuireadh sàr air do thòir.  
 Rinn iad iolach is luadh-ghair,  
 siubhal àrd agus luath leat ;  
 Bha iad uile mu'n cuairt dhìot,  
 ga d' liubhairt shuas ann an glòir.

## XVIII.

'N uair a ràinig thu sàbhailt,  
 'n luchairt àrd agus àgh-mhor ;  
 Thoir leam gu'n cual mi 'g ràdh thu,  
 " hosannah àrda do m' Rìgh."  
 Sèinn-sa romhad le luadh-ghair,  
 sèinn gu h-ait is gu buadhach ;  
 Sèinn gu binn air an Uan ud,  
 a thug dhuit buaidh ann sa bhàs.

Sèinn gu h-àrd air an Trianaid,  
 sèinn le fonn air an iobairt ;  
 Sèinn gu grinn air an iocshlainnt,  
 chuir slàinnte shiorruidh a d' dhàil.  
 Och! an t-sèinn tha mu'n cuairt dhìot,  
 leò gun àireamh dhe'n t-sluadh ud ;  
 Dh' f hàg thu mise na m' thruaghan,  
 ach 's éibhinn shuas leam thu Chéil.



## XIX.

Do shùilean blàth' is tiarail,  
 leag thu orm aig a chrìoch iad ;  
 Gus na luidh orra sìosa,  
 do rosgaibh breadha gach taobh.\*  
 Och ! do ghràdh a bha brùchdadh,  
 troimh do shùilean mu'n dhùin iad ;  
 Dh'fhàg an sealladh gu drùiteach,  
 annam-sa ciùradh nach traodh.

Oh ! a bhàis 's tu tha fiadhaich,  
 se do làmhan nì'n riabadh ;  
 Air na ceanglaichean diomhair,  
 a theannaich bliadhnaibh do ghaol.  
 Sgar thu mise 's mo Fhlòri,  
 chuir ise fuidh'n fhòd ud ;  
 Bheir thu fadhasd sinn còmhladh,  
 's b'ìdh mise chòmhnuidh ri taobh.

## XX.

Ni sinn pòsadh fuidh 'n fhòd ud,  
 's cha'n fheud thu th'inn 'na'r còir ann ;  
 Chum ar sgaradh 's ar fògradh,  
 o'r n'ionad còmhnuidh san ùir.  
 B'ìdh an talamh gu tiarail,  
 thug ar Tighearn ar Dia dhuinn ;  
 Mar phlaide bhlàth oirn ag iadhadh,  
 gu'n d' thig a bhliadhna bhios ùir.

'Nuair a sheideas an tròmbaid,  
 ni sinn eiridh gu fònmhor ;  
 Còmhaill àghmhor bhios ùr dhuinn,  
 an àm dhuinn dùsgadh o'n ùir.  
 Bheir e gàirdeachas mòr dhuinn,  
 a chéil fhaicinn 'na ghlòir-san :  
 'S bithidh subhachas mòr oirn,  
 air madainn òir-dheirg is chùr.

\* Tha e air fhaighinn a mach, an cusbair mu dheireadh a lionas an t-sùil, gu'n d' thoir i leatha iomhaidh a chusbair sin gu slàn, agus gu'n cum i an iomhaidh sin, gus an leagh i anns an ùir. Is druiteach a phuing sa chuis so.



## XXI.

Seinnear leinn mar ghall-trùmbaid,  
 gath a bhàis cia do lùtha ;  
 Chumhachd ghruamaich na h-uaighe,  
 do shàradh cia is do bhuidh.  
 Mar mhòll roimh'n chuairt-ghaoith séideadh,  
 theid 'ur sgàpadh le chéile ;  
 An' àm dhuinne bhì 'g éiridh,  
 gu pòsadh greadhnach an Uain.

Chi sinn sealladh bhios glòir-mhor,  
 'n Rìgh a tighinn na'r còmhail ;  
 Ma'r ris, uaislean na'n glòir-san,  
 a chuireas dòmhachd 's an speur.  
 Ge b'e àit ann san tàmh e,  
 le chathair dhealach is àrda ;  
 Thig gu leir as gach cearna,  
 uil oighrean àlluinn an Dé.

## XXII.

Bean an Uain an nuadh-phòsda,  
 thig air lòm o na fòdaibh ;  
 'S bithidh ise ro ghlòir-mhor,  
 an éideadh òir-dheirg an Rìgh.  
 B' idh an uaigh dhi na seòmar,  
 'm faigh i 'n t-eudachadh glòir-mhor ;  
 Th' inn a mach leis an còdhail,  
 a mòr Fhear-pòsda 'sa Rìgh.

An gràdh làidir 'na bhuidhean,  
 lasair shàr t' inn a nuas leis ;  
 Thoirt na coinneamh s do'n nuadh-bhean,  
 oh ! bean an Uain th'aige ris.  
 A gràdh dhàsan mar éibhlean,  
 lasadh làidir sa chéile ;  
 Dol an àird do na speuraibh,  
 gu còmhail éibhinn ra' Rìgh.

## XXIII.

'S ann an sud bhios a chòmhail,  
 aig an Rìgh sa bhean òg ud ;  
 Neart an gràidh ga'n toirt còmhladh,  
 a chum gu'm pòs iad am buaidh.  
 'S fhad o'n là thug e gràdh dhi,  
 bu lionmhor sàs troimh 'n thàr e ;  
 Chum a ruidhinn sa tearnadh,  
 o iomadh nàmh agus truaigh.

Thuair e 'n tùs i o'n Ard Rìgh,  
 ann an coimhcheangal gràsmhor ;  
 Air dhi aig lagh bhi 'n sàradh,  
 thug le bhàs i o bhuaidh.  
 Thug o'n pheacadh bha làidir,  
 thug o'n diabhuil bha'n sàs innt ;  
 Thug fadheoidh o na bhàs i,  
 's o chumhachd làidir na h-uaigh.

## XXIV.

Seall a nis air a chòmhail,  
 air dhoibh gu léir bhi còmhladh ;  
 Feuch, cho lionmhor 's cho dòmhail,  
 's nach léir dhuit òirleach dhe'n speur.  
 Dearc air dealradh na glòire,  
 tha ri fhaicinn sa chòmhail ;  
 Mar mhilltibh grian air t'inn còmhladh,  
 sa dòrtadh glòire 'na chéil.

Seall a nis iad le chéile,  
 dol a suas troimh na speuran ;  
 Cluinn na trombaidean cheudan,  
 le 'm braonaibh treun agus mòr.  
 Deanabh iollaich mu'n cuairt dhi,  
 thà'd a faicinn dol suas leis ;  
 Dol a steach le gu buadhach,  
 do lùchairt uasal na glòir.

## XXV.

Cluinn an t-Athair toirt fàillte,  
do'n Mhnaoi òig s as an fhàsach ;  
'S gabhail tlachd ann na h-àilleachd,  
le gnùis tha làna do ghlòir.  
'N Spiorad mòr a rinn naomh i,  
is ga tearnadh rinn saothair ;  
Deanamh gàirdeachais naomha,  
'na faicinn saor 's ann an glòir.

Och ! nach i a tha mùirneach,  
aig an Triuir tha sa chùirt ud ;  
Iad a tabhairt dhi cùirte,  
le meas is mùirneachd a chaoidh.  
'S math thig dhi a bhi 'g òran,  
air an Triuir tha ro òir-dheirg ;  
S a gràdh dhoibh a bhi 'n cònaidh,  
'na neart a dòrtadh a chaoidh.

## XXVI.

B'ìdh i tarrainn a sòlais,  
as na tobraichean mòra ;  
Tha cur thairis sa dòrtadh,  
chum sonais, sòlais dhi féin.  
B'ìdh na buaidhean neo-chrìochnach,  
anns an Triuir a tha siorruidh ;  
Is an oibrìbh ga h-iarraidh,  
a tabhairt riaraidh dhi féin.

B'ìdh am mòrachd sa'n glòire,  
ann na sealladh an cònaidh ;  
'S bheir an comunn dhi sòlas,  
gun rian, gun dòidh dhi air ìnns.  
Bheir 'a naomhachd dhi càil dhoibh,  
toil is ciocras da 'n lànachd ;  
'N déigh nan linntean bhi làn dhiubh,  
bithidh a càil dhoibh gun sgòs.

## XXVII.

'N uair a ruigcas mi 'n Trianaid,  
 anns an ròd a tha fiachail ;  
 As mo shealladh gu siorruidh,  
 cha d' theid thu sìos uam a Ghaoil.  
 B'ìdh mo Fhlòri a m' fhianuis,  
 'm maise ghlòir-mhor a ciad fhir ;  
 'S b'ìdh ar ceòl nach bi tiomhaidh,  
 a seinn gu siorruidh do'n Aon.

Sud mo dhòchas is m' iarraidh,  
 iomadh là agus bliadhna ;  
 Ge d' bhiom uairean ro iosal,  
 's ann le mo Thriath theid a bhuaidh.  
 Iuchair ifrinn sa bhàis aig,  
 iuchair ionmhuis tigh Dhàbhi ;  
 Ann a m' aois cha dean m' fhàgail  
 'san cliu gu bràth bhi dha féin.

## XXVIII.

Tha iad triuir ann am pàrras,  
 Flòri, Beti, is Màri ;\*  
 Ann an so 'n uair bha'n tàmh,  
 bha'n imeachd àillidh le gràdh.  
 Chaidh iad suas troimh an f hàsach,  
 'n ceumaibh dìreach a ghnàth ann ;  
 Spot no smal cha do dh' fhàg iad,  
 aig aon ri àrach na'n déigh.

Leag an taice na'n càsaibh,  
 air Fear an gràidh bha làthair ;  
 Rinn an t-slighe dhoibh sàbhailt,  
 gu ré na ràinig iad shuas.  
 A seinn gu h-àrd air chliù-san,  
 rinn an tearnadh sa'n ionnlad ;  
 Iad na'n clarsairean ionnsaicht,  
 an òran Mhaois is an Uain.

\* Mo bhean, mo phiuthar-chéile, s mo phiuthar.

## XXIX.


Aleluiah gu siorruidh,  
 mur bu ghnàth leibh bhi 'g iarraidh ;  
 Thug 'ur Tighearn 'ur Dia dhuibh,  
 mar fhònneo-thiomhaidh 's mar cheòl.  
 Oh! 'ur n' àilleachd san iomhaidh,  
 tha làn chosmbuil ri Iosa ;  
 'S éideadh 'fhìreantachd shiorruidh,  
 a thug an Triath dhuibh le còir.


Cathair rìoghail gach té dhibh,  
 thug an Rìgh dhuibh mar chéilean ;  
 'S ma's a fagus da chéile,  
 ni sin sibh éibhinn gu mòr.  
 Ni sibh còmhradh ra chéile,  
 thuigear leibh anns na neamhaibh  
 Ge d' 'ur beòil a bhi dhìth dhuibh,  
 gu sàmhach sìtheil fuidh'n fhòd.


## XXX.

Gheibh sibh aiseiridh òir-dheirg,  
 's cha bhi 'n t-ionghnadh cho mòr leibh ;  
 A chionn fhad sa bha'r còmhnuidh,  
 an ionad glòire na sìth.  
 Measg 'ur buill a bhios glòir-mhor,  
 barrachd mhòr aig 'ur beoil dhe ;  
 Chionn gu'r iad-san gu sònraicht,  
 a sheinneas òran an Rìgh.

Och! a Thighearn sa 'Thriatha,  
 lion mi làn leis an diadhachd ;  
 Chum an àm dhomh bhi trialladh,  
 gu'n tog mi siorruidh an ~~à~~ *dàn*  
 Leis a chomunn bu mhiann leam,  
 rinn am bàs uam a riabadh ;  
 'S le mo chòmhnuidh gu siorruidh,  
 fuidh bhrataich sgiamhaich do ghràidh.  
 Amen agus Amen.













+

